



Social Security Scotland
Tèarainteachd Shòisealta Alba

Pàigheadh Pàiste na h-Alba

Dè th' ann am Pàigheadh Pàiste na h-Alba?

Is e pàigheadh ùr a th' ann do theaghlaichean a bhios a' faighinn cuid de shochoirean no creideasan cìse gus cuideachadh le cosgaisean a bhith a' togail pàiste. Is e £40 a th' ann air a phàigheadh gach ceithir seachdainean airson gach pàiste fo aois sia.

Cò a gheibh e?

Faodaidh daoine tagradh a chur a-steach airson Pàigheadh Pàiste na h-Alba co-dhiù a tha iad ag obair no nach eil.

Faodaidh daoine a bhith airidh ma tha iad fhèin, no an cèile, nam pàrant no neach-cùraim làn-ùine de phàiste fo aois sia agus ma bhios iad a' faighinn creideasan cìse no sochairean sònraichte.*

*Creideas Cìs Cloinne, Taic Teachd-a-steach, Creideas Peinnsein, Creideas Cìs Obrach, Creideas Coitcheann, Cuibhreann Sireadair Obrach (JSA) stèidhichte air teachd a-steach (JSA), Cuibhreann Cosnadh is Taic stèidhichte air teachd-a-steach (ESA).

Cò mheud leanabh a tha airidh air Pàigheadh Pàiste na h-Alba airson gach dachaigh?

Gheibh a h-uile pàiste fo aois sia pàigheadh ma tha iad ann an teaghlach a tha airidh.

Dè thachras nuair a ruigeas pàiste sia?

Sguiridh am pàigheadh nuair a ruigeas pàiste sia. Ach, tha Riaghaltas na h-Alba leagte air Pàigheadh Pàiste na h-Alba a sgaoileadh gu clann fo aois 16 ro dheireadh 2022, ma thèid fiosrachadh air sochairean airidh fhaighinn bhon DWP. Faodaidh tu cur a-steach airson clann aois suas gu 16 nuair a thèid am pàigheadh ùr a sgaoileadh a-mach.

Ciamar a nì daoine tagradh?

Bidh sinn a' gabhail ri tagraidhean air an loidhne-cuideachaidh fòn an-asgaidh againn air 0800 182 2222, tron phost no air-loidhne aig mygov.scot/benefits/scottish-child-payment.

Dè an fhianais a dh'fheumar?

Feumaidh sinn fianais gu bheil uallach airson leanabh fo aois sia air an neach a tha a' dèanamh tagradh, mar as trice tron leanabh a bhith ainmichte air tagradh shochoirean. Ma nì barrachd air aon neach tagradh airson an aon phàiste tha pròiseas againn airson co-dhùnadh cò a gheibh am pàigheadh, a' toirt prìomhachas don neach leis a bheil an leanabh a' fuireach a' mhòr-chuid den ùine.

Faodaidh luchd-dàimh a tha a' toirt seachad cùram uallach airson pàiste a dhearbhadh le òrdugh laghail, aonta le ùghdarras ionadail sgrìobhte no, ann an cuid de shuidheachaidhean, litir taic bho ùghdarras ionadail.

Duilleag
Fiosrachaidh

mygov.scot



Social Security Scotland

Tèarainteachd Shòisealta Alba

Am feum iad fiosrachadh mu mo chèile?

Feumaidh, ma tha sibh a' fuireach san aon dachaigh agus ma tha sibh:

- pòsta ri chèile
- ma tha an dithis agaibh ann an com-pàirteachas sìobhalta còmhla
- a' fuireach còmhla mar gu bheil sibh pòsta.

Dè thachras ma dh'atharraicheas suidheachadh cuideigin às dèidh dhaibh tagradh a dhèanamh?

Feumaidh daoine innse dhuinn ma dh'atharraicheas an suidheachadh aca aig àm sam bith. Tha seo airson dèanamh cinnteach gu bheil iad a' faighinn a h-uile càil air a bheil iad airidh. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach atharrachaidhean air na sochairean no creideasan cìse a gheibh cuideigin no far a bheil iad a' fuireach.

Ciamar a thèid daoine a phàigheadh?

Thèid teaghlachan a tha airidh a phàigheadh sa chunntas a thagh iad. Faodaidh iad fios a chur thugainn ma tha iad airson an cunntas a thagh iad atharrachadh.

Dè dh'fhaodas daoine dèanamh leis an airgead?

Tha e an urra ris an neach a gheibh an t-airgead seo ciamar a chleachdas iad e gus taic a thoirt don teaghlach aca.

An toir e buaidh air sochairean eile?

Cha toir. Cha tèid suim a thoirt air ann am measaidhean sochair agus creideas cìse na RA.

Pàighidhean eile?

Bidh Tèarainteachd Shòisealta Alba cuideachd a' libhrigeadh Pàigheadh Leatromachd agus Leanaibh, Pàigheadh Ionnsachadh Tràth, Pàigheadh Aois Sgoile agus Biadh Tòiseachaidh as Fheàrr – bidh daoine a' cur a-steach airson nam pàighidhean seo uile air an aon fhoirm. Gus faicinn a bheil thu airidh air gin aca tadhail air mygov.scot/benefits/best-start.

